

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

Sgeul: Oh mo dhruim

EE: Emily Edwards

DM: Dòmhnall MacPhadsein

EE: Feumaidh gun robh e gu math duilich airson do mhàthar a bhith an seo gun fhacal Gàidhlig aig an àm sin?

DM: Uill, innsidh mi dhut naidheachd a bhiodh i ag innse gu bitheanta.

EE: Seadh.

DM: Mar a thàinig i an toiseach, nist, chan eil fhios agamsa, a bheil cuimhne agadsa air each is cairt?

EE: Chan eil ... Cuimhne agamsa?!

DM: A bheil?

EE: Chan eil!

DM: Chan eil. Fhaicidh-sa 's nach mi a tha sean!

EE: (*a' gàireachdainn*)

DM: Uill, bha bòrd *flat* air toiseach a' chàirt.

EE: Seadh.

DM: 'S bhiodh an càrtear **[00:30]** na shuidhe air an toiseach agus a chas air an *rail* air an trim, airshon 's ach nach tuiteadh e.

EE: Seadh.

DM: 'S mar a bha sinne beag bha thu daonnan guidhe am faodadh tu suidhe air toiseach a' chairt mu coinneamh a' chairteir ach dh'fheumadh tu a bhith mòr gu leòr gun ruigeadh do chasan an trim no thuiteadh tu. Cha b' urrainn dhut suidhe no thuiteadh tu.. sìos.

EE: Seadh.

DM: Agus thuit an gille beag seo eadar an each agus an trim, **[01:00]** 's chaidh a ghoirteachadh.

EE: Seadh. Aidh.

DM: Chaidh fios a chur air mo mhàthair is cha robh i ach air ùr tighinn a dh' Ìle.

EE: Uh-huh.

DM: 'S chaidh i thairis air a' ghille beag sin air fad, is chan fhaigheadh i stuth ceàrr air. Cha robh briste no bruite air. Ach fad na h-ùine bha e a' gearan 's a' gearan 's a' gearan 's thill i air ais far an robh a' bhean-taighe aige. Bidh bean a' bhùth san àm. Chan i N----- a bh' innte ach N----- bh' innte. 'S thuirt i rithe am b' urrainn dhi cuideachadh.

"Gu cinnteach" **[01:30]** thuirt bhean a' bhùth. "Dè tha ann?"

Arsa mo mhàthair: "An robh sibhse eòlach air a' ghille beag a chaidh fios orm a sin"

"Tha" thuirt bean a' bhùth.

"A bheil fios agaibh" thuirt ise "an robh e ceart mun robh tubaist aige?"

"Uill," thuirt bean a' bhùth, "Cho fada 's aithne dhomh" thuirt ise, "Cha chuala mi riamh e air atharrachadh. Gu dè mar a tha thu a' faighneachd sin?"

"Uill," thuirt mo mhàthair, "fhad's a bha mise dha [??] is chan fhaigh mi fhìn stuth ceàrr air ach fad na h-uine **[02:00]**., bha, a' glaoidheadh a' glaoidheadh mun *dream* a bha seo, *this terrible dream*.

EE: Uh-huh.

DM: Bha e cosail ri fear a bhiodh a' gabhail breislich...*fits*.

EE: Uh-huh.

DM: *Right*. Agus ?? bean a' bhùth treis,

"Och, gabh mo leisgeul", thuirt bean a' bhùth, "Tha an gille beag air a dhruim a ghoirteachadh - *the wee lad has hurt his back*".

"*How do you know that?*" thuirt mo mhàthair, "*You were here and my patient [02:30] is in bed at the other end of the village.*" Mun tàinig i a dh' Ìle bha i ann an dà àite eile. Bha i ann am Fìobha agus bha i ann an àite ann an taobh tuath *Lanark*, Lanraig.

EE: Seadh.

DM: Agus chuala i mun... dè chanas tu ris? *Second sight...*

EE: ...*Second sight*

DM: ...a chanas sinn ris sa Bheurla, aig na Gàidheil.

EE: 'S e.

DM: Ach, leum i air a' chailleach sa mhionaid, gun e seo a bha aicese cuideachd **[03:00]**. Ciamar a bha fios aicese gun robh...ciamar a bha am balach...a' gearain air a dhruim agus bha e anns an taigh eile sa bhaile na laighe.

"*Oh well excuse me*", thuirt bean a' bhùth, "*the wee lad has hurt his back. It's mo dhruim he's saying, not my dream.*"

EE: Seadh, aidh. (*a' gàireachdainn*)

DM: Dh'fhalbh i. Chuir i oirre còta `s a' mhionaid a-null ca' bithidh i, far an robh an gille beag ceart gu leòr, bha e cho ceart sa ghabhas. Cha robh e ach a' feuchainn a dh' innseadh don bhean-altruim gun do ghoirtich e sa bha a dhruim goirt. O mo dhruim! **[03:33]**